

Cùm Grèim

Written by Norrie MacIver

VERSE 1

Cùm grèim, cùm grèim air mo làimh
a dannsa le chèile, tha 'n saoghal mun cuairt dhuinn na thàmh
Tha sinn òg, tha sinn òg nar cridhe
tha bliadhnaichean romhainn, mairidh an gaol seo gu bràth

CHORUS

Hò rò hu o eile
hì hoirean o thig comh' rium an dràst'
Hò rò hu o eile
hì hoirean o gu àite mo ghràidh

VERSE 2

Tha sinn aost', (tha sinn aost) tha sinn aost' ach fallain
Tha an obair againn deiseil 's a-nis tha teaghlach agad fhèin
Tha sinn làn, (tha sinn làn) tha sinne làn dòchais
son dùthaich glan sàbhailt', dhan a' chlann a tha tighinn às ar dèidh

BRIDGE

Bidh làithean sona agus làithean cruaidh ann
bidh gàire is deòir air aon slighe còmhla
geallaidh mi seo dhut gu deireadh mo làithean
gu siorraidh, gu siorraidh bidh mi 'n còmhnaidh ri d' thaobh

FINAL VERSE

Cùm grèim, (cùm grèim) cùm grèim air a làimh
danns' le chèile, tha 'n saoghal mun cuairt oirbh na thàmh
Tha sibh òg, (tha sibh òg) tha sibh òg nar cridhe
tha bliadhnaichean romhad, mairidh an gaol sin gu bràth

Poetic Translation

VERSE 1

Hold on, hold on to my hand,
We'll dance here together while the world around us grows still.
We are young, we are young in our hearts,
With years still before us, may this love endure forever.

CHORUS

Hò rò hu o eile,
Hì hoirean o, come with me now,
Hò rò hu o eile,
Hì hoirean o, to the place that I love.

VERSE 2

We are older, (we are older), but still strong and well,
Our work is now finished, and you have a family of your own.
We are filled, (we are filled), with hope for what lies ahead,
For a clean and safe homeland for the children still to come.

BRIDGE

There will be joyful days and days that are hard,
There'll be laughter and tears on the same road together.
I promise you this, until the end of my days:
Forever, forever, I will stay by your side.

FINAL VERSE

Hold on, (hold on), hold on to their hand,
Dance there together while the world around you grows still.
You are young, (you are young), forever young in your hearts,
With years still before you, may that love endure forever.

Lyrics © Norrie MacIver. Poetic English translation prepared for the Roots Beneath lyric edition.